

A' cruthachadh loidhne-tìme

Gnìomh don chlas no do sgoilearan fa leth.

Cruthaich loidhne-tìme a' tòiseachadh aig 1852 (a' bhliadhna a rugadh Iain Caimbeul) suas gu 1960.

A' cleachdadh an fhiosrachaidh air an làrach-lìn, tòisich le bhith a' sgrìobhadh nan deitichean air an do thòisich 's air an do chrìochnaich an Cogadh Mòr.

Rannsaich craobh-teaghlaich nan Caimbeulach agus cuir an deit a rugadh gach neach den teaghlach air an loidhne-tìme

A' cleachdadh an fhiosrachaidh air an làrach-lìn, cuir na tachartasan cudromach sa Chiad Chogadh air an loidhne-tìme.

Comharraich an deit air an deach an Iolaire às an rathad air Biastan Thuilm.

A' cruthachadh loidhne-tìme

Gnìomh don chlas no do sgoilearan fa leth.

Cruthaich loidhne-tìme

Tòisich aig 1852

Crìochnaich aig 1960

Cuir na deitichean seo air an loidhne-tìme:

- **Deitichean a' Chogaidh Mhòir:**
thòisich an Cogadh Mòr air 28 Iuchar 1914
chrìochnaich e air 11 Samhain 1918
- **An deit a rugadh gach neach de theaghlach nan Caimbeulach:**
cleachd am fiosrachadh sa chlàr gu h-ìosal
- **Deit Blàr Jutland:** 31 Cèitean 1916
- **Deit Blàr an Somme:** 01 Iuchar 1916
- **Deit call na h-Iolaire:** 01 Faoilleach 1919

Faodaidh tu na dealbhan den teaghlach a ghearradh a-mach agus an steigeil ris an loidhne-tìme.

A' cruthachadh loidhne-tìme

Craobh-teaghlaich nan Caimbeulach

dealbh	ainm	latha-breith	latha-bàis
	Iain	1852	1930
	Iseabail	1861	1934
	Murchadh	1887	1917
	Tormod	1890	1916
	Cairistiona	1893	1974
	Ruairidh	1895	1975
	Ailig Iain	1898	1919
	Iain	1901	1920
	Mairead	1906	1954

(Na dealbhan bho Chomunn Eachdraidh Nis, le cead bho Ina NicRisnidh)